

# Bradán an Eòlais

## Mar a chaidh innse le Màrtainn Mac an t-Saoir

**Bha Fionn MacCumhail car òg nuair a chaidh a chur far an robh an seann bhàrd is tidsear, Fineagas airson ionnsachadh fhaighinn ann an ioma cuspair agus airson 's gum fàsadh e suas na ghaisgeach.** 'S ann na aonar a bha an t-seann fhear air a bhith fuireach fad mòran bhliadhnaichean, ann an taigh beag a thog e fhèin, ri taobh Abhainn 'Boyne', is chòrd e ris balach laghach a bhith mun cuairt air.

Bhiodh Fineagas a' sìor choimhead air an uisge, a latha is a dh'oidhche, feuch an laigheadh a shùil air iasg glè àraid: air an robh 'Bradán an Eòlais'. A rèir choltais, a' chiad neach a bhlaiseadh air an iasg sin, 's esan an duine bu ghlice a bhiodh an Èirinn gu lèir. Gu ruige sin, bha e air fàillinn orra uile a dh'fheuch, ri a ghlacadh, is bha Fineagas gu mòr an dòchas gun rachadh leis-san far nach deach le càch.

Aon latha bha Fineagas is Fionn nan suidhe air bruaich na h-aibhne is leasan math a' dol aca nuair a thug am bodach an aire do dh'iasg mòr sgoinneil pionc a' snàmh an taobh a bha iad. 'S cinnteach gur e seo Bradán an Eòlais' dh'èibh e is thug e a chasan leis gus lìon – fear gu math làidir, fhaighinn son a ghlacadh. Bha fhios aige nach robh math dha coimhead an sùilean an èisg no thuiteadh e na throm-chadal, is bha e faiceallach gun sin a dhèanamh is e a' strì ris a' bhèist mhòr èisg a thoirt às an uisge a-staigh dhan lìon.

Ach, an uairsin, gun rabhadh, thug an t-iasg leum às, suas a-mach às an abhainn, is rinn e air Fineagas bochd. Chlìsg an seann fhear is choimhead e ann an sùilean a' bhradain is thuit e na shuain sa mhionaid uarach.

Chunnaic Fionn òg seo is chrath e Fineagas na dhùsgadh, is dh' iarr am fear eile air Fionn a lèine dhorcha a shracadh is a shuaineadh mu shùilean son 's nach deargadh e air sùilean an èisg fhaicinn. Rinn Fionn sin, is bha am bodach is am bradán ri cath is conas fad a' chòrr dhen latha gus an do thuig an t-iasg, air deireadh thall, nach b' fhiach dha an còrr spàirn a dhèanamh. Bha Fineagas air Bradán an Eòlais a ghlacadh. 'S e duine bu ghlice a bha gu bhith ann an Èirinn air fad!

Ach mar a thuigeas sibh, 's ann gu math sgìth a bha Fineagas an dèis na chuir e às fhèin de lùths is fallas, is dh' iarr e air Fionn an t-iasg a bhruidh fhad's a ghabhadh esan norrag. Gheall Fionn nach blaiseadh e idir air.

Chuireadh a' bhrùid èisg air bior os cionn teine mòr mòna is cha b' fhada gus an robh e deiseil son ithe. Dh'èibh Fionn air Fineagas e a thighinn ga fheuchainn ach ma dh'èibh, nach deach boinneag bheag de dh'ola theth a' bhradain a thilgeil suas is laigh i air corraig Fhinn – òrdag a bh'ann.

Cha do rinn Fionn ach a chorrach a stobadh na bheul gus am faigheadh e cuidhteas cràdh an losgaidh.

Nuair a ràinig am bodach ri thaobh, chunnaic Fineagas sa bhad gun robh coltas gu math diofraichte air Fionn MacCumhail. Chitheadh e on deàlradh na shùilean is on bhlàth na ghruaidhean gun robh rudeigin air tachairt dha. 'An do ghabh thusa feòil a' bhradain?' dh' iarr e bhuaithe. B' fheudar do dh' Fhionn an fhìrinn innse. 'Cha do ghabh' orsa esan. 'An do dh'fheuch thu sgath idir dheth ma-thà?' dh' fhaighneachd e. Is le sin, chuimhnich Fionn gun robh e air òrdag a chur na bheul nuair a chaidh a losgadh le ola an èisg, is dh' innis e sin do dh' Fhineagas.

Thuig Fineagas ann a sin fhèin gur fheudar gun deach an t-eòlas sònraichte, a thig a-mhàin on bhradan a bha aca bruich, a thoirt do dh' Fhionn, is chan ann dhàsan. A dh' aindeoin a' bhristeadh-dùil bha Fineagas toilichte dhan òigear, oir bha fhios aige gun rachadh e na dhuine uabhasach fhèin glic agus na shàr ghaisgeach agus gur e Fionn MacCumhail an ceannard a b' fheàrr is a b' ainmeile a bhiodh air 'An Fhèinn' bhon latha sin a-mach is gu sìorraidh.

**GIFTING EVERY  
CHILD**

**A' TOIRT TÌODHLAC DO  
GACH LEANABH**

**A HANDSEL FOR  
EVERY BAIRN**



**TRACS** // TRADITIONAL  
ARTS + CULTURE  
SCOTLAND